

COIMISEAN NA CROITEARACHD

GEÀRR-CHUNNTAS COINNEAMH A' CHOIMISEIN AIR SKYPE AIR 14 CÈITEAN 2020

| | | |
|-------------|-------------------|--|
| An làthair: | Rod Mackenzie | Neach-gairm |
| | Andy Holt | Coimiseanair |
| | Mairi Mackenzie | Coimiseanair |
| | Malcolm Mathieson | Coimiseanair |
| | Iain Maciver | Coimiseanair |
| | David Campbell | Coimiseanair |
| | Billy Neilson | Coimiseanair |
| | Cyril Annal | Coimiseanair (bho 9.50m) |
| | James Scott | Coimiseanair |
| | David Findlay | Neach-lagha a' Choimisein |
| | Mary Ross | Ceannard Obrachaidhean is Sgioba-obrach |
| | Aaron Ramsay | Ceannard Didseatach is Leasachaidh (bho 10:14) |
| | Joseph Kerr | Ceannard Taic Riaghlaidh |
| | John Toal | Ceannard Poileasaidh |
| | Garry Laws | RALUT (bho 12:39) |
| | Jane Thomas | Ceannard Gèillidh is Sgriobhair |
| | Betty Mackenzie | Conaltraidhean (gu 13:30) |
| | Gordon Jackson | Roinn Urrasachd |
| | Michael Nugent | Roinn Urrasachd |

1 LEISGEULAN AGUS FÀILTE

Chuir an Neach-gairm fàilte air gach neach chun na coinneimh anna n Gàidhlig agus an uair sin ann am Beurla. Thugadh seachad leisgeulan às leth an CEO, Bill Barron, a bha gu sealach a' cuideachadh Buidheann-stiùridh Slàinte Coimhearsnachd Riaghaltas na h-Alba leis an fhreagairt nàiseanta do COVID-19.

2 FOILLSEACHADH COM-PÀIRT

Dh'fhaighnich an Neach-gairm an robh neach sam bith airson com-pàirt fhoillseachadh. Cha deach com-pàirt sam bith ainmeachadh sa phàirt phoblaich den choinneamh.

3 GEARR-CHUNNTAS NA COINNEIMH BÙIRD AIR 19 MÀRT 2020

Bha Geàrr-chunntas na Coinneimh air 19 Màrt 2020 air aontachadh air post-d agus air fhoillseachadh air an lèrach-lìn. Chaidh a thoirt chun na coinneimh airson fiosrachadh a-mhàin. Cha robh ceistean sam bith ann.

4 CÙISEAN AG ÈIRIGH BHON CHOINNEAMH MU DHEIREADH

Bha Coimiseanairean a' sireadh Eàrr-ràdh do Gheàrr-chunntas a' Mhàirt, ag iarraidh am facal "dh'aithris" a chur an àite "bheachdaich" anns an earrann fo nì 1 co-cheangailte ri sàbhailteachd luchd-obrach a bhith na àrd-phrìomhachas don Bhòrd. Thèid Nòta mun sin a chur ris a' Gheàrr-chunntas fhoillsichte. Board.

Chaidh a dhaingneachadh nach eil an Coimisean a' cleachdadh App Pàipearan a' Bhùird tuilleadh, an dèidh co-dhùnadh a' Choimisein aig coinneamh Bùird a' Ghearrain. Bha seo mar thoradh air air a' chosgais na lùib. Bhiodh na pàipearan air an taisbeanadh tro App OneNote airson coinneamh Bùird an Ògmhios.

Bha an Coimiseanair Mathieson, mar lar-Chathraiche na Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais, airson a thogail mar chùis riaghlaidh nach robh an CEO an làthair, nì mu nach robh e toilichte. Dh'aontaich càch gun robh seo duilich. Thuirt an Neach-gairm gun robh e airson a dhol air adhart leis a' choinneamh ged a bu thoigh leis-san cuideachd an CEO a bhith an làthair. Ann an suidheachadh far an robh feum gu bhith air an Oifigear Chunntachail, thuirt an Neach-gairm gun cuireadh e dheth co-dhùnadh mun nì bhuntainnich gus am biodh an t-Oifigear Cunntachail an làthair.

Chaidh a dhaingneachadh nach eil CEO eadar-amail air fhastadh agus chan eil lar-CEO nas mò. Mhìnich an Roinn Urrasachd nach eil dleastanasan an CEO agus an Oifigear Chunntachail co-ionann agus gu bheil an CEO air co-dhùnadh an dà dhleastanas a chumail rè fo-fhastadh gu Buidheann-stiùiridh eile SG airson ùine shealach. Dhaingnich an Neach-gairm don choinneamh gu bheil an fho-fhastadh coltach seasamh airson mìos eile.

Chaidh a' choinneamh an uair sin gu seisean priobhaideach aig 9:54, gus ceadachadh do Choimiseanairean às-làthaireachd an CEO/AO a dheasbad agus a' bhuaidh aig an seo air a' Choimisean.

SEISEAN DÙINTE

Chaidh a' choinneamh an uair sin air ais gu seisean **POBLACH** aig 10:57m.

5 PÀIPEARAN AIR POST-D

(a) Plana Gàidhlig

Dhearbh an Ceannard Gèillidh gun robh Coimiseanairean air an dreach aontachadh san t-Samhain, agus gun deach e an uair sin a-mach gu co-chomhairleachadh le luchd-obrach agus am poball. On nach d' fhuaireadh freagairtean sam bith, tha an dreach mar a bha e nuair a chaidh aontachadh san t-Samhain.

Dh'aontach an Coimisean ris a' Phlana, a dheigheadh a dhèanamh deiseil a-nis airson a chur gu Bòrd na Gàidhlig. Chaidh a dhearbhadh gun robh obair leithid clasaichean càinair air an cur dheth an-dràsta ach an dòchas gun tòisicheadh iad cho luath 's a bhiodh na cuibhreachaidhean air an togail, no dh'fheumaist planaichean atharrachadh.

| | |
|------------|---|
| Co-dhùnadh | Am Bòrd ag aontachadh a' Phlana Ghàidhlig 2020-2025 |
|------------|---|

(b) Comataidhean ionaltraidh agus Covid-19

Mhìnich an Ceannard Poileasaidh gun robh am pàipear air aontachadh roimhe ann am prionnsapal agus gun robh e a-nis air beulaibh a' Choimisein airson a shoidhnigeadh dheth. Bha ùidh aig àireamh de chomataidhean ionaltraidh ann agus bha obair na sgioba ionaltraidh air tòiseachadh air leasachaidhean soilleir a nochdadh anns an àireamh de chomataidhean riaghailte ann an oifis aig deireadh a' Mhàirt, a' dol suas gu 490.

Dh'aontaich an Coimisean an t-atharrachadh mar a bha mìnichte sa phàipear. Chaidh puing a thogail mun dùigh-obrach a thaobh pàipearan aontachadh a bhathar a' cuiarteachadh air post-d, air an tèid togail nuair a nithear ath-sgrùdadh air Gnàth-Riaghailtean san Lùnastal.

| | |
|-------------------|---|
| Co-dhùnadh | Dh'aontaich an Coimisean solaran do fhastadh comataidh ionaltraidh rè cùis-èiginn Covid. |
|-------------------|---|

6 MAR A THA AN COIMISEAN A' FREAGAIRT DO CHÙIS-ÈIGINN COVID-19

On nach robh an CEO an làthair, chuir an Neach-gairm am pàipear an aithne. Bha Coimiseanairean a' faireachdann on a chaidh a sgriobhadh air 23 Giblean, bha e a-nis ro shean ged a bha an loidhne-tìm feumail. Dh'iarr Coimiseanairean ùr-fhiosrachadh labhairteach mu Leas-phàipear A, a chuairtich Neach-lagha a' Choimisein, a mhìnich gun robh 60 tagradh agus 28 clàradh air fhaotainn a tha a-nis air an logadh airson an giullachd. Bha an Neach-gairm airson am fiosrachadh fhaicinn gach seachdain, air a logadh le ire Tier agus an seòrsa tagraidh.

Chaidh a dhaingneachadh gu bheil aon neach aig RoS ag obair air foirmean clàraigdh.

Chaidh a dhaingneachadh nach bu chòir an Coimisean sealladh a chall air nithean mòra agus mura gabh càrn-obrach a sheachnadh, feumaidh sinn an cothrom a ghabhail air coimhead ri pròiseasan gu cùramach a dh'fhaicinn dè ghabhas a shìmpleachadh. Bha Coimiseanairean an dòchas gun cuidicheadh oifigearan iad gu na siostaman a thuigsinn gus bunnachadhan fad-amail a chosnadhl tro ath-eagrachadh gnothachais.

A' freagairt ceist mu CIS, mhìnich an Ceannard Obrachaidhean nach robh trioblaid sam bith mu ruigsinneachd, gun robh nithean a' ruith nas slaodaiche ach nach robh sin co-cheangailte ri CIS. Tha mòran fhactaran ann a tha a' toirt buaidh air comas luchd-obrach obrachadh tro chûisean cho luath 's a bhiodh iad air a dhèanamh ann an GGH. Tha nithean a' tòiseachadh a' socrachadh barrachd agus luchd-obrach a' fàs cleachdte ri bhith ag obair air astar agus tha duilgheadasan gan comharrachadh agus thathar a' dèiligeadh riutha. A' dol air adhart, tha e coltach gum bi obair bhon taigh ann am pàirt, mar phàirt den ro-innleachd mheadhan-teirmeach.

Dhearrbhan Ceannard Obrachaidhean gu bheilear a' coimhead ris an dùigh a tha tagraidhean air an sgriobhadh air an làrach-lìn, le atharrachaidhean gu bhith gan dèanamh aig toiseach na seachdaine gus an teachdaireachd a dhèanamh nas buige agus diofar a dhèanamh eadar tagraidhean agus clàraighean Fiosrachaidean. Chaidh a dhearbhadh gu bheil Loga Leasanan Ionnsaichte air a chruthachadh mar phàirt den BCP agus tha seo ga lònadh gus ionnsachadh a ghlacadh agus bidh e ri fhaotainn leis an AFC agus às an sin chun a' Bhùird. Chaidh aontachadh gun glacadh ath-sgrùdadh a' Phlana Gnothachais ann am meadhan na bliadhna, ionnsachadh bhon chùis-èiginn làithreach.

B' fheàrr le Coimiseanairean buidhnean obrach a stèidheachadh gus cuideachadh le adhartas.

7 ÙR-FHIOSRACHADH 'TIMCHEALL A' BHÙIRD' BHO CHOIMISEANAIREAN

Dh'fhaighnich an Neach-gairm an robh neach sam bith airson cur ris.

Bha an Coimiseanair airson moladh a thoirt don luchd-obrach Neilson oir bha coltas ann gun robh iad ag obair gu math ann an suidheachaidhean deuchainneach. Tha an luchd-obrach ris an robh e a' conaltradh air a bhith fior chuideachail.

Thuirt an Coimiseanair Holt gun robh an conaltradh a bharrachd le teachdaichean air a' fòn a' còrdadh ris agus bu math leis na leanadh e. Dh'aontaich Coimiseanair Mackenzie agus thuirt i gu bheil daoine glè thoilichte bruidhinn ri cuideigin. Bu mhath leathase cuideachadh leantainn leis.

Thill Coimiseanairean Campbell agus Mathieson, còmhla ris an Neach-gairm, chun a' bheachd a thaobh buidhnean-obrach a stèidheachadh gus cuideachadh le adhartas a dhèanamh nas luaithe agus a' faireachdainn gum bu chòir luchd-obrach aig gach ìre a bhith nan lùib a thuilleadh air Coimiseanairean.

8 AITHISG AFC

(a) Ùr-fhiosrachadh bho Malcolm Mathieson

Thuirt Coimiseanair Mathieson gun robh tòrr deasbaid air a dheànamh mar-thà a thaobh nithean a bhiodh e air a thogail aig an ìre seo. Mhìnich e gun robh dà choinneamh den AFC air an cumail oir bha aon dhiubh riatanach airson dèiligeadh ris an t-suidheachadh làithreach. Bha e tàmailteach nach robh an CEO aig an tè mu dheireadh. Tha dragh air fhathast nach eil an AO ri fhaotainn aig àm dùblain a tha gun ro-shampall don Choimisean.

Bha dragh air cuideachd nach eil Coimiseanairean air an AFC air luchd-stiùiridh a phutadh làidir gu leòr mu chunnartan, ach dh'aithris e gum biodh iad a' putadh nas cruidhe bho seo a-mach. Cha robh an cunnart làithreach air ro-fhaicinn ach feumaidh sinn ionnsachadh bhuaithe. Mar eisimpleir, ma tha càrn-obrach mòr ann mar thoradh air an atharrachadh san dòigh obrach againn, chan urrainn dhuinn seo atharrachadh ach le bhith ag atharrachadh ar cleachdaidhean obrach, leithid gluasad gu tagraighean air-loidhne sa bhad. Ach, le ar goireasan luchd-obrach mar a tha iad, bidh e doirbh càrn-obrach a chlòradh. Tha feum againn air barrachd ghoireasan. Mura gabh seo a dhèanamh, feumar ar dùilean a choileanadh.

Dh'aithris Coimiseanair Mathieson gu bheil na cunnartan IT a chiadh a chomharrachadh roimhe air an lùghdachadh le cothrom a bhith againn air treas phàrtaidh mar thaic, ach tha an earbsa air ruigsinneachd gu GGH, a tha air a chuibreacachd gu mòr, ag adhbharachadh dragh. Tha an fheum air frithhealaiche air an taobh a-muigh a chumail, air fàs deatamach.

Bha e cuideachd airson a thoirt gu aire a' Bhùird agus na Roinne Urrasachd, nach bi e comasach fuireach taobh a-staigh a' bhuidseit am-bliadhna gun luchd-obrach a chall agus bheireadh seo buaidh nas motha air gniomhadh. Mar fhreagairt don naidheachd air dùblain buidseit, bha an Roinn Urrasachd an dòchas gun dèanadh an Coimisean na h-oidhirpean as fheàrr air obrachadh san t-suidheachadh.

Cha robh a' chomataidh comasach air aithisg AO a shoidhnigeadh dheth oir cha robh e an làthair. Bhathar a' faireachdainn gun robh feum air barrachd spèis a nochdadhan don Bhòrd agus don ughdarris aige mar NDPB agus mura biodh fiosrachadh agus freagairtean a' tighinn am follais don AFC, bheireadh buill nan Coimiseanairean suas an dreuchd.

Thug Coimiseanairean taing do bhuill an AFC airson a bhith fosgarra is fosgailte mun t-suidheachadh agus bha an Neach-gairm airson na misneachd a tha aig a' Bhòrd sa chomataidh, a chlàradh.

(b) Dreach Geàrr-chunntas bho choinneamhan a' Mhàirt agus a' Ghiblein

Chan eil beachdan sam bith am follais air na Geàrr-chunntasan, ach dìreach am Manaidsear Ionmhais a mholadh air an son.

(c) Toraidhean ceisteachan Fèin-Mheasaidh 2019/20 – comataidh AFC

Mhìnich Coimiseanair Mathieson an cùl-fhiosrachadh agus dh'iarr e ceistean.

(d) Toraidhean Fèin-Mheasaidh 2019/20 – am Bòrd

Bha Coimiseanair Mathieson toilichte aithris gun robh am Bòrd iomlan air an ceisteachan a lìonadh. Chaidh aontachadh cuimseachadh air na freagairtean ‘chan eil fios agam’, leis an cuidich an Ceannard Gèillidh agus Taic Bùird an Neach-gairm obrachadh troimhe.

(e) Prìomh Chomharran Coileanaidh Q4

Cha robh beachdan sam bith mu na KPlan.

(f) Clàr Cunnairt Obrachail

Cha robh beachdan sam bith mun Chlàr Cunnairt Obrachail.

9 CLÀR CUNNAIRT RO-INNLEACHDAIL

Cha robh beachdan sam bith mun Chlàr Ro-innleachdail.

10 LEUDACHADH SGEAMA TIOMNAIDH

Mhìnich an Ceannard Taic Riaghlaidh an fheum air an leudachadh, a bha mu dheidhinn soidhnigeadh Stiùiridhean is Órdughan, an t-atharrachadh ga stiùireadh tron fheum air gluasad gu ainmean-sgrìobhte eileagtronaigeach. Tha seo air a ghluasad air adhart gu luath, leis gach nì buntainneach na àite. Chaidh seo aontachadh.

| | |
|-------------------|---|
| Co-dhùnadh | Dh'aontaich an Coimisean an Sgeama Tiomnaidh a leudachadh. |
|-------------------|---|

11 AITHISG RALUT

Bha Garry Laws bhon Sgioba Riaghlaidh is Cleachdadhl Fearainn air a thighinn a-steach don choinneamh gus an nì seo a chòmhach. Mhìnich e an cùl-fhiosrachaidh agus dh'fhaighnich e an robh soilleireachd sam bith a dhith. Bha Coimiseanairean duilich gun robh goireasan luchd-obrach air an toirt air falbh bhon sgioba, oir bha an obair aca deatamach. Dh'faodadh mòran a bharrachd a bhith dèante leis na goireasan riatanach.

Bha deasbad ann air foirmean cunntais nach deach a thilleadh agus foirmean nach eil air an lionadh ceart. Dhearrbh Mgr Laws gu bheil molaidhean aig an Sgioba airson gniomhadh an aghaidh dhaoine nach eil gu cunbalach a' tilleadh am foirmean.

Dhaingnich an Roinn Urrasachd gu bheil an dàta bhon Choimisean air fhaicinn leis an Rùnaire Caibineit. Chaidh a dhaingneachadh gur e oilbheum a th' ann mura tillear foirm Cunntais Croitearachd. Chaidh impidh a chur air Coimiseanairean beachdachadh air buaidh fho-ghabhailean fad-amail air obair na sgioba. Thuirt neach-lagha a' Choimisein gum beachdaicheadh e air an robh comasachd air Fios Peanais Fhadalachd a chleachdadhdh.

Mhol Coimiseanairean am pàipear agus obair na sgioba.

12 CEANN-LATHA NA h-ATH CHOINNEIMH

Bidh an ath choinneamh den Choimisean a' gabhail àite air Skype air 25 Ògmhios 2020.

13 GSBE

Bha nì air a thogail le Coimiseanair Maciver leis an Neach-gairm ron choinneamh a rèir Gnàth-Riaghailtean, oir bhathar a' faireachdainn gum bu chòir am Bòrd deasbad a dhèanamh air cùis chosgaisean ann an dachaighean càram. Chaidh a mhìneachadh gu bheil Comhairle nan Eilean Siar a' sìreadh Thiomnaichean chroitearan nach maireann, ann an cuid de chùisean airson cìsean dachaigh càram fhaighinn air ais le bhith ag ùisneachadh croit an teaghlaich mar sho-mhaoin ionmhasail. Tha Coimiseanairean aontaichte gum bu chòir Coimisean na Croitearachd beachd a thoirt air an seo, gus an urrainnear suidheachadh soilleir poblach aithris.

B' e beachd an Neach-gairm gum biodh cuid de chroitean a' roichdachadh buailteachd ionmhasail don teaghlaich seach so-mhaoin. Tha e cinnteach gum bi uallachaidhean ionmhasail anabarrach mòr air ùghdarrasan ionadail san àm ri teachd, ach ma bhios beachd nan comhairlean ag aomadh a thaobh croitean a bhith nan so-mhaoin luachmhòr a dh'fhaodar ùisneachadh, bhiodh e coltach gun ruitheadh sin an aghaidh beachd nam bancaichean agus luchd-iasaid, nach eil deònach iasad a thoirt seachad mar thoradh air dìth chòraichean saorsa air croitean.

Bha dragh a' nochdadach nach e ceist mu luach airgeadach a th' ann a-mhàin ach ceist a thaobh uallach ga chur air teaghlaichean airson di-chroiteadh, gus fiachan dachaigh càram a chòmhach, agus mar sin a' cur bacadh air an ath ghinealach bho bhith comasach air croitearachd inntrigeadh.

Chaidh aontachadh gum bu chòir iarraidh air an CEO comhairle laghail a shireadh, agus aon uair 's gu bheil sin a' tighinn am follais, thèid a' chùis air ais chun a' Bhùird.

14 TOIRMEASG MHEADHANAN IS POBALL

Thug an Neach-gairm taing do na h-uile airson an in-chur don choinneamh agus dhùin e a' choinneamh aig 15:27.